



## AN SEUDAGAN BEAG GREANNAR!!

Deagh òran le Duin' uasal àraid.

LWINNEAG.

*Hé hò-rò mo shéudagan,  
Air t-aghaidh hò nach eirich thu,  
Cia fath nach leig sibh eiridh,  
Le mo shéudagan beag greannar?*

**M**O shéudagan beag cluainciseach,  
Ged dh'eireadh tu cha b' fhuathach leam ;  
Bha gaol aig mnathan uaisle dhut ;  
'S tha clann na tuatha 'n gcall ort.

*Hé hò-rò, &c.*

Nach neònach leibh mo shéudagan,  
Na mnathan bhi cho deigheil air,  
'S gu'n leig iad fo' cuid leintean e :  
'S nach cil ach créutor càrn ann !

*Hé hò-rò, &c.*

'S ioma' baintighearn òighrcachdan,  
Da'n robh mo shéud-sa caoineasach,  
'S bu tric a dh' fhàg am maighdeannan,  
Le'n obair òidhche fann e.

*Hé hò-rò, &c.*

Mo shéudagan beag aigheireach,  
Bha spéis aig mnathan-taighe dhut,  
'San am a dhol a laidhe  
Bu tu'n aigheir fo na phlàncaid.

*Hé hò-rò, &c.*

Tha'n séudagan cho buaireanta,  
'N uair bhios mi 'measg nan gruagaichean,  
'S mar ccanghail mi le snaineadh e ;  
Gu'm bidh e suas gu'n taing dhomh.

*Hé hò-rò, &c.*

Tha'n séudagan na bhaothsgaire,  
Cha leig e fois fo'n aodach dhomh,  
Le thogaird anns a' chaonnaig,  
Ged' tha maoil air a's e ceann-rùisd' !

*He hò-rò, &c.*

Cha bhi mi-fìn fo ghruaimean ris,  
Ged' dh'eireadh e air uaireanan,  
Ach, dearbh, is aobhar bhuaireidh dhomh,  
'Nuair ghluaiseas e da m'an-toil.

'S na hé hó-rò mo shéudagan,  
Gu'n leig mi laidh' a's ciridh leis,  
Cha'n aithne dhomh cho éibhinn  
Ri mo shéudagan beag greannar !!

---

Clo-Bhuailt' ann am Baile-nam-Fiasgan: Le ALASDAIR  
MAC-'ILLE-MHAOIL, agus r'an reie fos-n-iosal le Catria-  
na bhuidhe Nic-an-t-Sriucair ann am Baile-nam-  
Breabadairean: agus le Bodach-na-fidhle, air feagh  
gach sgrìob na Ghaeldach, bho MhaoilC-hinn-tire gu  
'Taigh-Iain-Ghrot an Gall-thaobh. Airson tri-buinne-  
sia bho ehaileagan, agus da sgillinn bho Bhalachanan.  
Sa' Bhlidhna, 1777.

mo shéudagan beag gaolach thu  
Tha boireid agus maolach ort,  
Tha cota goibid goisid ort,  
airson aodach gamhradh

mo shéudagan beag aighearach  
Tha Colair dubh fìn amharach  
Tha am suil ag amharach ann  
Scha labh air e suid  
Chaimte

Effluvia pestifera aëre communi graviora  
esse. iam suprà memoravimus. Ob hanc cau-

---

Cha b'e comunn an dà ghann  
A bha shannt orm bli. agam riut;  
Ach an rud a bhiodh agad thoirt uait,  
'San rud a bhiodh uait thoirt duit:  
Cha b'ionann a's comunn nam Maor  
Air an taobhsa nach bitheadh gann:  
B'e'n comunsa tarruing a nunn,  
Ach cha bu chomunn ach a nunn 'sa nall.

---